


Alexander Graham Bell

1847-1922

Ainmeil airson:

- Am fòn a chruthachadh

Fhuair Alexander Graham Bell cliù airson am fòn a chruthachadh. B' e a' bhliadhna ochd ceud deug seachdad 's a sia, bha e fichead 's a naoi bliadhna a dh'aois.



Ach cha robh Bell riaraichte leis an soirbheachas aige. Dh'fheuch e na smuaintean ùra aige a-mach tro bheatha, rannsachadh conaltradh còmhla ri gnìomhan eile saidheans.

Alexander Graham Bell (1847-1922)

Foghlam

Thug athair Alexander Graham Bell an foghlam dha aig an taigh nuair a bha e òg. An dèidh sin, lorg e àite eile foghlam ann an Àrd-sgoil Rìoghail ann Dùn Èideann. Dh'fhàg e an sgoil nuair a bha e còig bliadhna deug a dh'aois agus shiubhal e gu Lunnainn airson fuireach còmhla ri a sheanair airson bliadhna. B' e luchd-cuideachaidh airson labhairt bha na sheanair, uncail agus athair, a' sgrùdadadh dhòighean bruidhinn mar dhreuchd. Mar seo b' urrainn dhuibh tuigsinn gur e seo far an do thuit na h-ùidhean aig Bell. Ann an ochd ceud deug seasgad 's a ceithir, thog Bell obair aig Acadamaidh Taigh Weston ann an Eilginn, Moireach mar 'sgoilear-tidsear' ciùil agus sgrùdadadh dòighean bruidhinn. Bliadhna às dèidh sin bha e ag ionnsachadh aig Oilthigh Dhùn Èideann.

Imrich thall thairis

Dh'eilthirich Bell agus a phàrantan a Chanada às dèidh dha na dithis bhràithrean aige bàsachadh leis a' chaitheamh.

Anns a' Ghiblean ochd ceud deug seachdad 's a h-aon għluais e gu Boston airson a bhith na thidsear aig Sgoil Bhoston airson na Boidhre, a chaidh a stèidheachadh ann an ochd ceud deug seasgad 's a naoi. Tha an sgoil fhathast foggailte ach fon ainm Sgoil Horace Mann airson na Boidhre agus daoine le duilgheadasan claisneachd.

Adhartas Bell ann am Boston

Anns na làithean aig Alexander Graham Bell, bha Boston aithnichte mar baile airson nan sgoilearan a b' fheàrr. Stèidhete an sin:

- Colaiste Harvard – a' chiad àite de foghlam àrd ire anns Na Stàitean Aonaichte
- An Acadamaidh Ameireaganach airson Ealain agus Saidheans
- Boston Athenaeum
- Comunn Eachdraidh Massachusetts

Ann an Ameireaga a Tuath b' e adhbhar mòr airson toileachas a bh' ann an cur-a-steach den chiad loidhne telegraf sa Chuan Siar ann an ochd ceud deug seasgad 's a sia. Thòisich luchd-saidheans agus luchd-gníomhachais a' faicinn cothroman ann an obair na fòn. Ann an ochd ceud deug seachdad 's a dhà, fhuair Bell gluasad airson na deuchainn aig fhèin tòiseachadh, dh'fheuch e grunn siognailean a chur tro aon loidhne.

Innleachadh am fòn

Ann an ochd ceud deug seachdad 's a còig, thog Alexander Graham Bell agus a neach-chuideachaiddh, Thomas Watson, a' chiad fòn. Chruthaich e an companaidh 'Companaidh Fòn Bell' agus phòs e Mabel Hubbard dà bhliadhna an dèidh sin.

Coileanaidhean nas fhaide air adhart

B' e Bell aon de na buill-stèidheachaiddh den Chomunn Cruinn-eòlas Nàiseanta ann an ochd ceud deug ochdad 's a h-ochd.

Bha e an còmhnaidh dèidheil air cluich le itealag. Dhealbhaich Bell seòrsa itealag ùr ann an naoi ceud deug 's a dhà, stèidhte e air cumadh tetrahedral. Ann an naoi ceud deug 's a naoi deug, chuir e fhèin agus Casey Baldwin sìos an clàr as luaithe airson a bhith siubhal air uisge le HD-4 hydrofoil aig 70.86 mgu.

Chaochail Alexander Graham Bell aig an oighreachd aige, Beinn Bhrèagha, ann an Eilean Ceap Bhreatainn air an dàrna latha den Lùnastal naoi ceud deug fichead 's a dhà. Lean a bhean còig mìosan às a dhèidh.

An robh fhiös agad?

Chuir Alexander Graham Bell an ainm meadhan aige a-steach nuair a bha e aon deug. B' e 'Greumach' an sloinneadh aig caraid an teaghlaich.

B' e Helen Keller aon de na sgoilearan as ainmeile aig Alexander Graham Bell. Nuair a thòisich e mar oide cha robh i ach na nighean òig nach b' urrainn faicinn, cluinntinn no bruidhinn.

Education Scotland

Denholm House
Almondvale Business Park
Almondvale Way
Livingston EH54 6GA

T +44 (0)141 282 5000

E enquiries@educationscotland.gov.uk

www.educationscotland.gov.uk